Sin agad e!

Iris Ghàidhlig Às2 Àrd-sgoil Phort Rìgh
An t-Ògmhios 2012



Clàr-innse

Andy Murray
le Euan MacDhòmhnaill.....Td3
Niteworks
le Beth
Mortimer.....Td4/5
An aithnicheadh tu an t-àite seo?
le Eilidh Nic an Tàilleir.....Td6
Snowman Rally
le Mata Wood.....Td7
The Inbetweeners
le Stella Brook-Young.....Td8/9
Euro 2012
le Iain MacCoinnich.....Td10/11
Ed Sheeran agus Lana Del Rey
le Rowan NicDhòmhnaill.....Td12/13
Co-fharpaisean air an TBh
le Catherine NicDhòmhnaill.....Td14
Inverness Caley Thistle
le Owen MacNeacail.....Td15
Tha Gaol aca air Gàidhlig
le Grace Wright.....Td16/17
Fasan
le Lilly McDonnell.....Td18/19
Na h-Oileampaigs: Am buannaich iad seo?
le Caitlin NicIlleathain.....Td20
Na h-Oileampaigs: Rebecca Adlington
le Megan NicLeòid.....Td21
Fasan aig daoine ainmeil a' dol ceàrr
le Sarah NicDhòmhnaill.....Td22
Film G
le Jamie Caimbeul
agus Caitlin NicIlleathain.....Td23
Farpais iPod
le Rob MacDhòmhnaill.....Td24

Chaidh **Sin agad e!** a sgrìobhadh le sgoilearan do sgoilearan agus tha sinn an dòchas gu bheil rudeigin ann don a h-uile duine, ge b' e dè na cuspairean a tha a' còrdadh ribh. Chaidh an iris air fad a sgrìobhadh le sgoilearan Gàidhlig air an dàrna bliadhna mar phàirt den Churraicealam airson Sàr-mhathais agus ghabh iad ris an obair le deòin, a' rannsachadh, a' sgrìobhadh agus a' deasachadh gach pìos den iris. Tha sinn fada an comain Bòrd na Gàidhlig agus Fèisean nan Gàidheal a thug taic dhuinn leis a' phròiseact. Cùmaibh sùil a-mach airson iris eile san t-sreath – tha clas Gàidhlig eile air an dàrna bliadhna ga sgrìobhadh an-dràsta agus bidh measgachadh ùr de stuth san iris ud.

Tha sinn am beachd na h-irisean seo a sgaoileadh gu sgoiltean eile agus sinn an dòchas gun dèan sgoiltean eile an aon rud gus am faigh sgoilearan air feadh na dùthcha cothrom a bhith a' leughadh airson tlachd ann an Gàidhlig mu chuspairean anns a bheil ùidh aca fhèin. Tha sinn gu h-àraid taingeil do na sgoilearan fhèin a tha air a bhith cho èasgaidh a' dol an sàs san obair. Tha sinn an dòchas gum faigh iad tuilleadh chothroman na sgilean sgrìobhaidh aca a chur gu feum ann an Gàidhlig anns na bliadhnaichean a tha romhpa.

Roinn na Gàidhlig, Àrd-sgoil Phort Rìgh

Andy Murray

An urrainn dha buannachadh?

Bidh an aon rud an-còmhnaidh tachairt aig cha mhòr a h-uile Grand Slam; tha Murray a' dèanamh glè mhath, tha e a' tighinn faisg air crìoch a' cho-fharpais, tha e a' coimhead coltach gum bi e a' buannachadh ach an uair sin, tha e a' call...

'S ann à Alba a tha Andy Murray, ged a bhios cuid ag ràdh gu bheil e dìreach na "Albannach" fhad 's a tha e a' call agus na Bhreatannach fhad 's a tha e a' buannachadh". An-dràsta, 's e an ceathramh cluicheadair teanas as fheàrr san t-saoghal. Bidh e a' cluich leis fhèin mar as àbhaist, ach cuideachd bidh e a' cluich ann an càraid le a bhràthair Jamie an-dràsta 's a-rithist. 'S e Jamie Murray an cluicheadair-càraid as fhèarr ann am Breatainn.

Tha Wimbledon a' tighinn faisg am-bliadhna-sa a-rithist agus tha sinn uile an dòchas gun cluich Andy cho math sa chluich e a-riamh. Aig Wimbledon 2011, chaill e a-mach gu Nadal san iar-chuairt dheireannaich. Am-bliadhna, tha sinn an dùil gum buannaich Andy co-dhiù aon 'grand slam', ged nach do rinn e an gnothach aig a' French Open anns a' Chèitean, ach le cluicheadairean dìreach sgoinneil mar Novak Djokovic (1), Rafael Nadal (2), Roger Federer (3) agus Jo-Wilfried Tsonga (5) a' cluich na aghaidh, cha bhi cùisean furasta dha aig Wimbledon san Iuchar.

'S e an aon chluicheadair fireannach Breatannach anns a' chiad cheud chluicheadair san t-saoghal, agus nas fheàrr buileach, 's e Albannach a th' ann! Tha sinn an dòchas gur e seo do bhliadhna, Andy. Feuch gum bi sinn moiteil sinn àsad!

le Euan MacDhòmhnaill 2G2

Aig bonn gach duilleige gheibh thu Gliocas Jamie - fiosrachadh cudromach a nì feum dhut nad bheatha làitheil bho Jamie Caimbeul.

An robh fios agad gu bheil barrachd uisge ann an Loch Nis na tha sa h-uile loch eile ann an Sasainn agus a' Chuimrigh còmhla? Uill, uill, cò chreideadh e?

NITEWORKS

Thòisich Niteworks ann an 2008. Thòisich iad anns an Eilean Sgitheanach. Ann an ùine ghoirid bha iad air duais mhòr a bhuannachadh air Rapal airson an òrain Nam Aonar san Fhonn. Bha iad air an àrd-ùrlar aig Fèis Cheilteach Innse Gall ann an 2011 agus a rèir nam meadhanan b' iad an còmhlan a b' fheàrr a chluich an oidhche ud - 'band of the night'. Cuideachd, chluich iad aig Belladrum Tartan Heart Festival, air àrd-ùrlar 'Combine Harvester'. Bha mi fhìn ann agus bha iad sgoinneil. Tha ceithir buill ann an Niteworks: Innes Strachan, air a' mheur-chlàr agus seinn, Ailean Dòmhnallach air a' mheur-chlàr agus a' phìob mhòir, Crìsdean MacNeacail air giotàr beus agus Ruairidh Greumach air na drumaichean. Bha feasgar air leth math againn ann an Àrd-sgoil Phort Rìgh an-uiridh nuair a thàinig Niteworks a chluich dhuinn aig Cuirm airson 25 bliadhna de dh'fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Tha luchd-leantainn uabhasach dìleas aca san sgoil a-nise mar a fhuair Beth Mortimer a-mach bho Ruairidh Greumach.

Dè an rud as fheàrr mu bhith ann an Niteworks?

Chanainn gur e an rud as fheàrr leamsa a bhith an sàs ann an còmhlan mar Niteworks 's e gu bheil cothrom agam a bhith a' cluich 's ag obair còmhla ri caraidean a tha gu math dlùth ri chèile. Cuideachd tha sinn uile den aon bheachd gum feum do cheòl is cultar na Gàidhlig a bhith air an cleachdadh ann an dòighean no nòsan eadar-dhealaichte 's gum bi iad a' freagradh air nas motha de dhaoine. Ma tha sinne nar pàirt bheag dhe sin tha sin a' toirt toileachas mòr dhomh.

Ciamar a thàinig an còmhlan ri chèile?

Tha sinn uile air a bhith eòlach air a chèile is a' cluich ri chèile ann an diofar chòmhlain mar 'Inflatable Haggis' is 'Finding Duncraig' bhon sgoil. Thàinig Niteworks còmhla ge-tà às dèidh Fèis Braesfest ann an 2008.

Cò an luchd-ciùil aig an robh buaidh ort?

Mo mhàthair, mo theaghlach is iomadh duine à stoidhlichean gu math eadar-dhealaichte. Is fìor thoil leam Damon Albarn ge-tà bho Blur agus Na Gorillaz.

Chan urrainn do choineanach a bhith a' cur a-mach!



An do chuidich Ard Sgoil Phortrìgh thu leis a' cheòl agad?
Chuidich gu dearbha. 'S ann aig clasaichean ciùil san Àrd-sgoil a thòisich mi a' cluich nan drumaichean is a bhith an sàs ann an 'jam sessions' le caraidean. Cuideachd leis gu robh mi fortanach a bhith mar phàirt de sgoil a tha a' brosnachadh curraicealam Gàidhlig, tha sin air buaidh mhòr a thoirt air na tha sinn a' dèanamh is na beachdan a th' agam san fharsaingeachd.

Ciamar a fhuair thu ùidh ann an ceòl?
B' e Appetite For Destruction le Guns 'n' Roses a' chiad chlàr a thug orm a bhith ag èisteachd ri ceòl (is a' dannsa mun cuairt mo sheòmar-cadail mar amadan) mar gum b' ann airson a' chiad uair. Ach le sin, bha ùidh agam riamh ann an ceòl traidiseanta is gu h-àraidh òrain Ghàidhlig o chionn 's gu bheil mo mhàthair gan teagasg sna sgoiltean mun cuairt an Eilein - is bha iad an còmhnaidh rin cluinntinn san taigh.

Cò na tidsearan a b' fheàrr leat san sgoil?
Chòrd an fheadhainn Ghàidhlig rium gu mòr. Ged nach robh is nach eil mi cho fìor mhath air academia tha spèis agam do na tidsearan a thug orm smaoineachadh mu chuspairean is a' cruthachadh bheachdan a bha inntinneach dhomh. Bha deagh chraic ann am Maighstear Neally a bha a' teagasg Creideamh ma 's math mo chuimhne cuideachd!

De seòrsa ciùil as toil leat fhèin?
Chan eil mi a' creidsinn ach ann an dà dhiofar stoidhlichean ciùil - cèol a tha math is ceòl nach eil. Tha mi a' creidsinn gu bheil e a cheart cho fallain dhuinn a bhith a' cumail ri ceòl fallain 's a tha e ri biadh fallain is tha sin a' ciallachadh gu bheil feum againn air daithead eadar-dhealaichte nuair a thig e gu èisteachd. Seachainn cus stuth 'pot noodlish' mar Glee! ☺

Dè tha Niteworks gu bhith ris am-bliadhna?
Am-bliadhna tha sinn ag amas air barrachd fhèisean is gigs fad an t-samhraidh - tha sinn a' dèanamh cuid dhiubh a-rithist mar HebCelt is Belladrum ach bhiodh gig thall thairis math am-bliadhna. Tha sinn cuideachd airson gun toir sinn a-mach EP eile is tha sinn an-dràsta ag obair gu cruaidh gus stuth ùr a' sgrìobhadh airson seo.

Dè 'an gig' as fheàrr a chòrd ri Niteworks chun an seo?
A rèir nam fèisean aig an robh sinn a' cluich bha HebCelt ann an Steòrnabhagh sònraichte math dhuinn an-uiridh ach dh'fheumainn a ràdh gun do chòrd an gig a rinn sinn aig Àrd-sgoil Phòrt Rìgh rium gu mòr! Bha e math a bhith air ais is a' faicinn sgoilearan ùra le ùidh anns a' cheòl againn.

Cuin a tha sibh am beachd tilleadh a dh'Àrd-sgoil Phort Rìgh?
Àm sam bith - dìreach tog a' fòn ☺

Faodaidh tarantula a bhith beò trithead bliadhna!

An aithnicheadh tu an t-àite seo?

Nuair a tha thu a' fuireach ann an àite, bidh thu a' dìochuimhneachadh uaireannan cho brèagha 's a tha e. Ach, fosgail do shùilean agus thoir sùil orra seo. A bheil fhios agad càit a bheil iad? Mura h-eil, bu chòir dhut tadhal orra sa bhad! ***Le Eilidh Nic an Tàilleir***

Ainm: Rubha na h-Eist
Ri lorg: ann an Gleann Dail
Fiosrachadh: Tha an tùr air an taigh-sholais 19 meatar a dh'àirde. Chaidh am fiolm 'Breaking the waves' fhiolmadh an seo. 'S e àite math a tha seo airson coimhead air an eun-laith agus beathaichean mar ròin agus mucan-mara.

Ainm: Drochaid an t-Sìthein
(Beul Atha nan Trì Allt)
Ri lorg: Ceann-rathaid Bhatarnais
Fiosrachadh: Tha e coltach gur ann aig Drochaid na Sìthe a dh'fhàg a' bhean-shìthe aig ceannard Clann 'IcLeòid an duine aice airson a dhol air ais don t-saoghal eile. Cha bu toil le daoine sna seann làithean a dhol tarsainn air an drochaid air an oidhche air eagal 's gun glacadh na sìthchean iad.

Ainm: Skye Serpentarium
Ri lorg: san Ath Leathann
Fiosrachadh: Tha tòrr bhiastan snàgach anns an ionad seo bho nathraichean gu crùbain coille! Na èist ri Sue Perkins, **tha** an t-àite seo inntinneach!

Ainm: Healabhal
Ri lorg: Mu choinneimh Dhùn Bheagain faisg air Gleann Dail
Fiosrachadh: Tha iad ag ràdh gu bheil na mullaich air Healabhal còmhnard oir bha iad mar leabaidh don Naomh, Colm Cille. Cuideachd, tha sgeulachd eile ag ràdh gun do chùm MacLèoid Dhùn Bheagain cuirm-bìdh air a' mhullach agus e a' bòstadh gun robh am bòrd a bu mhotha san dùthaich aigesan!

Ainm: Caisteal Dhùn Sgàthaich
Ri Lorg: ann an Slèite
Fiosrachadh: B' e s eo an caisteal aig Sgàthach, a' bhana-ghaisgeach ainmeil ann an eachdraidh Cheilteach, Bha i a' teagasg a' ghaisgich Cùchulainn an seo mu na diofar dhòighean anns am b' urrainn dha sabaid.

Faodaidh sioraf a chluasan fhèin a ghlanadh le a theanga! Euch!



Mar a chuireas sinn seachad ùine

Tha ùidh againn uile ann an iomadh seòrsa rud eadar spòrs agus fasan agus càraichean. A bheil càil an seo anns a bheil ùidh agaibh fhèin?

HIGHLAND CAR CLUB
Snowman Rally

le Mata Wood

Thòisich an "Snowman rally" ann an 1955 ann an Inbhir Nis. On uair sin tha air a bhith a' tachairt ann an Inbhir Nis a h-uile bliadhna agus tha e air fàs gu mòr thairis air na bliadhnaichean. Tha ùidh air a bhith agamsa anns an "Snowman Rally" on a bha mi gle òg. Ghabh m' athair pàirt anns an ralaidh còig bliadhna air ais agus bhithinn a' dol ann còmhla ris. Cuideachd tha mo bhràthair Steaphan a' gabhail pàirt anns an ralaidh a h-uile bliadhna ann an Inbhir Nis. 'S toil leis a bhith a' gabhail pàirt ann gu mòr.

'S e Daibhidh Bogie a fhuair a' chiad duais aig an ralaidh am-bliadhna ann thairis air a' chùrsa uile gu lèir nuair a bha còrr agus ceud a' gabhail pàirt. Feumaidh tu a bhith ochd bliadhna deug a dh'aois airson pàirt a ghabhail san ralaidh. Nuair a tha mise ochd bliadhna deug tha mi cinnteach às gum bi mi fhìn a' gabhail pàirt. Tha mi an dòchas gum bi mi cho math ri Daibhidh Bogie nuair a bhios mise a' dràibheadh. Feumaidh mi a bhith luath agus èasgaidh gun eagal sam bith a bhith orm ron chàr no ro chàraichean dhaoine eile.

Rugadh Daibhidh air an 31 latha dhen Iuchar 1987 ann an Dun Phrìs. 'S e Daibhidh Bogie an dràibhear ralaidh as fheàrr ann an Alba agus ann am Breatainn. Thòisich Daibhidh Bogie air ralaidheadh aig aois 16 ann an "Vauxhall Nova". Bhon uair sin tha e air mòran dhuaisean a bhuannachadh aig cuibhle a' chàir. Anns an Lùnastal 2011, bhuannaich Bogie an ralaidh Albannach airson an treas bliadhna as dèidh a chèile. Abair gaisgeach!

Tha maise-ghnùis do bhilean boireannaich air a dhèanamh à craiceann èisg.





Thòisich 'The Inbetweeners' ann an 2008 agus chaidh 3 sreathan a dhèanamh eadar 2008 agus 2010. Tha fiolm a-nis a' tighinn a-mach agus tha e air a bhith uabhasach soirbheachail. Tha an stòiridh mu cheathrar bhalach a tha air an 6mh bliadhna san àrd-sgoil agus na trioblaidean a tha aca. Bha m' athair Chris Young, an sàs gu mòr ann a bhith a' riochdachadh Na h-Inbetweners agus bha mi fortanach grèim fhaighinn air aig an taigh airson beachd no dhà fhaighinn bhuaithe, tha Stella Brook-Young a' sgrìobhadh...

1. **Ciamar a fhuair thu obair air Inbetweeners an toiseach?**
   Rinn mi fiolm dom b' ainm 'Festival' le Sianal 4 agus as dèidh sin fhuair mi cuireadh bho Cheannard Comadaidh Sianail 4 airson deasachadh a dhèanamh air comadaidh ùr a bha E4 a' dèanamh. Rugadh an uair sin na h-Inbetweeners.

2. **Cò aig an robh beachd airson am pròram Inbetweeners a dhèanamh an toiseach?**
   'S e am beachd aig Iain Morris agus Damon Beesley a bh' ann – sgrìobhadairean Inbetweeners. Sgrìobh iad pilot 'Baggy Trousers', sgriobt mu dheidhinn rudan a thachair dhaibh fhèin. Agus as dèidh sin, rinn sinn còig sgriobtaichean eile agus às an sin thàinig an smuain airson a' phròraim fhèin.

3. **A bheil na h-actaran nas fheàrr neo eadar-dhealaichte a-nise?**
   Tha iad fada nas fheàrr na bha iad aig an toiseach. B' e seo a' chiad obair a bh' aca mar chleasaichean. Tha iad uabhasach snog fhathast ach, tha iad fada nas ainmeile agus uabhasach beartach!

4. **De as fheàrr leat; am fiolm neo am pròram?**
   'S fheàrr leam am fiolm oir bha feum againn rudeigin a dhearbhadh mur deidhinn fhèin agus rinn sinn an gnothach.

Bha an aileag air duine bochd ann an Ameireaga airson caogad bliadhna 's a còig! Hic!

5. Ciamar a chòrd an turas aig na balaich às na h-Inbetweeners don Eilean Sgitheanach riutha?

Chòrd e ri Simon Bird agus Joe Thomas gu mòr a bhith aig a' phrìomh-shealladh den fhiolm an-uiridh agus chòrd e ri James Buckley, Blake Harrison agus Joe nuair a thàinig iad roimhe ann an 2009. Ghabh iad turas ann am bàta agus bha iad air an dòigh a' coimhead air na leumadairean agus na seallaidhean brèagha. Chan eil fhios agam am biodh e air còrdadh cho mòr ris na balaich anns a' phrògram! Tha fhios gum biodh turas làn thrioblaidean aca.

6. Dè an rud as fheàrr a bha a' còrdadh riut nuair bha thu ag obair air Na h-Inbetweeners?

'S e am pìos a chòrd as motha rium a bhith a' gearradh an fhiolm oir bha tòrr ùine againn airson leasachaidhean a dhèanamh le ceòl agus guthan còmhla ris na sgrìobhadairean, Iain agus Damon.

7. A bheil thu fhèin ga fhaighinn èibhinn?

Bidh mise cuideachd ga fhaighinn gu math èibhinn, gu sònraichte ann an taigh-dhealbh far a bheil grunn dhaoine a' gàireachdainn.

8. An do chòrd e riut a bhith ga riochdachadh?

Uile gu lèir tha e air còrdadh rium gu mòr ach thug e ùine fhada de mo bheatha a bhith ag obrachadh air.

Anns na seann làithean, bhiodh na daoine
a' gabhail pàirt aig na h-Oileampaigs rùisgte.

Sgìth de na h-Oileampaigs?

Dè mu ?

Na beachdan aig Iain MacCoinnich

An sgioba a chuirinnsa air a' phàirc nam faighinn mo mhiann agus nam biodh fortan agam!

Aig an aghaidh chuirinn **Miroslav Klose** agus **Arjen Robben**. Sa mheadhan bhiodh **Cristiano Ronaldo**, **Wesley Sneijder**, **Mesut Ozil** agus **Andres Iniesta**.
Aig a' chùl thaghainn **Sergio Ramos**, **Ignatio Abate**, **Gerard Pique**, **Carles Puyol** agus eadar na puist cò eile ach **Iker Casillas**!
A bheil sibh ag aontachadh leam? Cuir fios thugainn aig *Sin agad e!* le na beachdan agaibh fhèin.

Mo chreach! An ath thuras, ceannaichidh mi cnogan sa Cho-op!

Tha e a' toirt air dusan seillean fad am beatha spàin tì de mhil a chruinneachadh. Abair obair!

Coma leibh mu na h-Oileampaigs! Dè mu Euro 2012? Bidh e suidhichte air taobh sear na Roinn-Eòrpa anns a' Phòlan agus san Ucràn. Thòisich am farpais le 51 dùthaich agus tha 16 air fhàgail a-nis. 'S iad na sgiobaidhean mu dheireadh a bhios a' gabhail pàirt ann Croàtia, An Dainmhairc, Sasainn, A' Ghearmailt, A' Ghrèig, An Eadailt, An Òlaind, A' Phòlainn, Am Port, Èirinn, An Ruis, An Spàinn, An t-Suain, agus An Ucràn an dùthaich a th' aig an taigh. Chan eil Alba ann oir chaill iad a-mach bhon a bha droch rèitire ann nuair a chluich iad an aghaidh Poblach na Czech.

'S e an Spàinn, an Òlaind, a' Ghearmailt agus an Eadailt a tha gu bhith a' strì an aghaidh a chèile airson a' chupa agus nì iad uile feum de na cluicheadairean sa mheadhan. Bidh cuid den fheadahinn as fheàrr ann, mar eisimpleir Mesut Ozil ann an sgioba na Ghearmailt. Cluichidh e sa mheadhan agus tha e sònraichte math air a bhith a' toirt seachad ball gu cluicheadairean eile airson cothrom tadhail a thoirt dhaibh. Ach dh'fheumadh e an gnothach a dhèanamh air fear-bàire mar Casillas às an Spàinn, am fear as fheàrr sna h-Euros. 'S e àireamh a h-aon airson na Spàinn agus tha e math air fhaicinn cò às a thig am ball. Tha e cuideachd na sgiobair airson na Spàinne. Cùm do shùil air – agus chì thu na sgilean a tha aige.

'S e Carles Puyol sàr-chluicheadair eile don Spàinn oir nuair a tha am ball aig a chasan, faodaidh e rudan mìorbhaileach a dhèanamh oir tha e uabhasach sgileil air am ball a riaghladh agus a thoirt do dhaoine eile. 'S e glè bheag de chluicheadairean aghaidh a nì an gnothach air a dhol seachad air.

B' e am peantair ainmeil, Leonarda Da Vinci a chruthaich a' chiad siosar riamh!

Ed Sheeran

Cò na seinneadairean a tha a' còrdadh riut fhèin? A bheil thu craicte airson Cher Lloyd? A bheil thu ann an gaol le Gary Barlow? Seo dithis a tha a' còrdadh ri **Rowan NicDhòmhnaill** co-dhiù! Dè do bharail fhèin?

Rugadh Ed Sheeran ann an 1991 ann an Sasainn. Thòisich e ag ionnsachadh a' ghiotàir aig aois glè òg nuair a bha e ann an àrd-sgoil Thomas Mills ann am Framlingham, Suffolk.

Nuair a bha e aon-deug chaidh e a dh'Èirinn còmhla ri phàrantan airson gig aig Damien Rice fhaicinn agus chord sin ris gu mòr. Cuideachd dh'fhosgail e cuirm Nizlopi nuair a bha iad ann an Norwich ann an 2008.Thòisich Ed air clàradh ann an 2005. Ann an 2006 thàinig an clàr aige "Want some?" a-mach. Ghluais e ann an 2008 gu Lunnainn airson barrachd gigs a dhèanamh. Thòisich e ann an àitichean beaga agus chluich e a h-uile oidhche airson luchd-èisteachd anns an robh còignear no mar sin ach cha do chuir sin dragh air idir. Chluich e 312 gigs ann an 2009. Bhrist Ed troimhe san Ògmhios 2011, nuair a fhuair an clàr aige "The A Team "an treas àite anns na h-"Uk Charts", a' reic barrachd is 58,000 copaidhean anns a' chiad seachdain. B' e seo an clàr as motha a reic agus a dh'fhuirich as fhaide sa phrìomh dheich ann an 2011. Anns an t-Samhain thàinig an clàr "Lego House" a-mach, agus chaidh e gu àireamh a còig air an 11^{mh} latha dhen t-Samhain. Thàinig a' bhidio a-mach air an 20^{mh} latha den Dàmhair agus bha a h-uile duine a' bruidhinnn mu dheidhinn oir bha an cleasaiche ainmeil à "Harry Potter", Rupert Grint a' nochdadh ann.

Tha barrachd chearcan na tha de dhaoine ann an Sasainn!

Lana Del Rey

Rugadh Elizabeth Woolridge Ghrannd-air 21mh den Ògmhios 1986 ann an New York, ach bidh daoine nas eòlaiche oirre fon ainm eile aice Lana Del Rey. Nuair a bha i còig-deug chaidh i gu "Sgoil Kent" – sgoil phrìobhaideach ann an Connecticut, agus an uair sin gu oilthigh ann an New York. Bha i riamh ag iarraidh a bhith na seinneadair agus anns an Dàmhair 2008, thàinig na clàran aice "Kill Kill", "Yayo" agus "Gramma" a-mach.

Anns an Ògmhios chaidh Del Rey gu"Stranger Records" airson an clàr "Video games" a chur ma sgaoil. Rinn an clàr fìor mhath agus air an 24mh den Dàmhair 2011 chaidh fios a sgaoileadh gun do bhuannaich Lana Duais Q airson an "Next Big Thing".

Bha i na boil agus ann an agallamh air "Taratata" thuirt i gun tigeadh clàr ùr a-mach leis an ainm "Born To Die". Nuair a thàinig e a-mach, ràinig e a' chiad àite anns na "UK charts" agus chaidh barrachd is 117, 000 clàr a reic ann an aon seachdain.

Tha Lana Del Rey a-nise air àite a ruighinn ann an saoghal a' chiùil. Cluinnidh sinn barrachd bhuaipe fhathast.

Chaidh a' chiad ghèam ball-coise eadar-nàiseanta a chluich eadar Alba agus Sasainn ann an 1872.

Co-fharpaisean Tbh

Abair farpaisean! Thug Catherine NicDhòmhnaill sùil bheag air na pròg raman a bhios a h-uile duine a' bruidhinn mu dheidhinn.

Bha an t-àm ann a-rithist airson Farpais seinn 'Eurovision' air agus bhuannaich an t-Suain. Thàinig sinne san 27mh àite a-mach à 28 còmhlain. Obh, obh cha d' rinn an 'Hump' cho mhath dhuinn! Cha chuala mi sgudal mar seo riamh!

Bha a' chuairt dheireannach de 'The Voice' air an 2mh dhen Ògmhios, 'S iad na daoine a bha a' gabhail pàirt Leanne Mitchell, Tyler James, Bo Bruce agus Vince Kidd. Bhuannaich Leanne. Bha i sònraichte math agus bidh i ainmeil a-nise! Leugh thu an seo an toiseach e!

Chrìochnaich 'Britain's Got Talent' o chionn ghoirid agus bhuannaich nighean agus a cù - Ashley agus Pudsey. Cha bhi Pudsey ag ithe Pedigree Chum o seo a-mach! Gheibh e staoig mhath a h-uile oidhche.

Bha Masterchef air o chionn ghoirid agus b' e fìor cho-fharpais a bh'ann. Aig a' cheann thall bhuannaich Shelina ged a bha mi fhìn airson 's gun dèanadh Anndra an gnothach! Ach feumaidh gur e deagh chòcaire a tha ann an Shelina agus faodaidh i biadh a dhèanamh dhòmhsa latha sam bith! Tha mi a' coimhead air adhart ri Masterchef eile sa bhliadhna 2013.

Thòisich The Apprentice air 21mh dhen Mhàrt agus chum na daoine a bha a' gabhail pàirt sinne air oir ar seathraichean! Abair cleasachd airson am farapis a bhuannachadh. Nuair a thàinig e gu crìoch air an 3mh dhen Ògmhios, cha do chuir e iongnadh orm gun do bhuannaich Ricky Martin. Bha fhios aige dè bha e ag iarraidh bho thùs agus cha do chuir Ailean an t-Siùcair dragh air idir. Tha e coltach gu bheil e math air sabaid agus dh'fhaodadh seo a bhith gu feum dha fhathast!

Cuiridh bùthan a bhios a' reic chleocaichean
gach cleoc aig deich mionaidean an dèidh deich.

INVERNESS CALEY THISTLE

le Owen Nicolson

Thàinig Inverness Caley Thistle gu buil ann an 1994. Bha dà sgioba ann an toiseach: *Inverness Caledonian* agus *Inverness Thistle* is thàinig iad còmhla airson Inverness Caley Thistle a chruthachadh. Cha robh an seusan as fheàrr aig Caley Thistle am-bliadhna ach chrìochnaich iad anns an deicheamh àite.

Feumaidh iad sùil a chumail a-mach air eagal 's gun dèan Ross County an gnothach orra sa lìg ach tha e math gu bheil dà sgioba às a' Ghàidhealtachd a-nise gu bhith sa phrìomh lìg.

'S e am Manaidsear a th' aca an-dràsta Terry Butcher agus an Cathraiche aca Kenny Cameron. Tha iad a' cluich aig Tulloch Caledonian Stadium agus gabhaidh e 8000 de dhaoine. Tha iad air ceithir cupannan a bhuannachadh. Bhuannaich iad A' Chiad lìg ann an 2009-2010 is fhuair iad àrdachadh às an sin gu Prìomh Lìg na h-Alba.

'S e sgiobair na sgioba Richie Foran. Thàinig e a dh'Inbhir Nis ann an 2009 is tha e air mu 130 gèam a chluich. An-dràsta tha cùmhnant aige gu 2014. 'S e an cluicheadair as fheàrr aig Inbhir Nis an-dràsta ach tha Greg Tansey air a bhith math cuideachd. Bidh e a' cluich aig an aghaidh no air aon taobh den phàirc. Cò aig a tha fhios cò a cheannaicheas iad mus bi an samhradh seachad?

Shuas gu h-àrd, suaicheantas na sgioba. An uair sin, an sgiobair, Richie Foran. An treas dealbh, Greg Tansey as dèidh tadhal fhaighinn nuair a bhuannaich iad 3-1 an-aghaidh Dumfermline ann an Cupa na h-Alba. Mu dheireadh, tha am manaidsear Terry Butcher a tha ag obair gu math cruaidh don sgioba.

Cha do chluich na h-Innseachan ann an Cupa na Cruinne ann an 1950 oir cha robh cead aca cluich cas-ruisgte!

Tha ❤ aca air Gàidhlig!

Mìos no dhà air ais chuir sinne (Grace Wright agus Sarah NicDhòmhnaill) air falbh litrichean gu mu 30 diofar dhaoine ainmeil. Anns an litir bha sinn a' faighneachd airson dealbh den duine le cairt bheag a dheasaich sinn air a bheil na faclan: Tha gaol agam air Gàidhlig. Tha sinn taingeil taic fhaighinn bho na daoine gu h-ìosal. Fhuair sinn litrichean air ais bho rùnairean Miranda Hart agus JK Rowling cuideachd ag innse dhuinn gun robh iad ro thrang airson freagairt a thoirt dhuinn ach bha iad modhail gu leòr sin innse dhuinn! Cò aig a tha fhios nach cluinn sinn bho Johnny Depp no Alex Fearghastan fhathast!

Mànran

Bha latha math againn nuair a chuir an còmhlan Mànran dealbh air ais thugainn. Anns an dealbh, chì sibh (bhon làimh chlì) Norrie 'Tago' MacÌomhair, Calum Stiùbhart, Gary Innes agus Ewen MacEanraig. Feumaidh gun robh Ross Saunders agus Scott MacAoidh a' dèanamh cupa tì aig an àm!

Lorraine Kelly

A bheil sibh ag èirigh tràth gu leòr airson Lorraine Kelly aithneachadh? Bidh i a' preseantadh tòrr phrògraman TBh mar 'Daybreak,' 'Childrens' Hospital,' agus 'Never Mind the Buzzcocks' agus tha daoine gu math measail oirre. O chionn greiseag bha droch thubaist aice nuair a thuit i far each. Tha sinn uabhasach taingeil gun do rinn i an gnothach air freagairt a chur thugainn.

Taobh a-staigh na h-iris, chì thu postair mar a tha aig na rionnagan mòra gu h-àrd. Carson nach tog sibh dealbh dhibh fhèin no còmhla ri ur caraidean leis a' phostair agus cuiribh thugainn e gus an croch sinn iad uile còmhla ann an Roinn na Gàidhlig. Cuiribh post-d thugainn leis na dealbhan agaibh air scormack545@highlandschools.org.uk. Siuthadaibh - tha sinn a' coimhead air adhart ris na dealbhan agaibh fhaicinn!

Fhuair an saoghal fios mu bhàs Adolf Hitler agus Osama Bin Laden air an aon latha sa bhliadhna - a' chiad latha den Chèitean. Neònach eh?

Niteworks

Seo Ruairidh Greumach bhon chòmhlan 'Niteworks'. 'S ann às an Eilean Sgitheanach a tha na balaich agus chaidh triùir aca à Sgoil Phort Rìgh: Ruairidh Greumach, Ailean Dòmhnallach agus Crìsdean MacNeacail. Feumaidh gur e Ruairidh an aon duine a tha na dhùisg tron latha airson postair a chur thugainn! Sin thu bhalaich!

Simon Bird

A bheil sibh ag aithneachadh Simon Bird? 'S e actair ainmeil a th' ann agus tha e anns na h-'Inbetweeners.' Tha e a' cluich Will McKenzie ach chan eil coltas buileach cho 'geeky' san aodach aige fhèin. Tha Simon air a bhith san Eilean Sgitheanach turas no dhà agus tha sinn an dòchas gun do dh'ionnsaich e facal no dhà de Ghàidhlig an uair sin!

Fearne Cotton

Uill, cò chreideadh e? Tha fiù 's gaol aig Fearne Cotton air Gàidhlig! Tha i na DJ air Rèidio 1 agus, uaireannan, chì thu air an TBh no anns a' chatalog i bhon a tha i gu mòr anns an fhasan. Mòran taing dhut Fearne agus tha sinn an dòchas gun cluinn sinn fhathast thu a' bruidhinn Gàidhlig air Rèidio 1.

Fasan

Le Lilly McDonnell (guru fasain à Stafainn!)

«««««««««««

Beachdan Lilly

Dè tha anns na bùthan sna làithean seo? An-dràsta, tha jeans dhathte air feadh an àite agus feuch gum faigh thu pàidhir briogais ghoirid a tha a' tighinn suas gu do mheadhan. Tha jeans le pàtran anns an fhasan cuideachd agus cha tèid thu fada ceàrr le Chinos as t-samhradh – 'cool' anns a h-uile dòigh!

Dè chuireas tu òrt gu h-àrd?
Tha lèintean-t beaga goirid anns an fhasan an-dràsta. Na gabh dragh gum biodh a h-uile dath a th' ort a' co-òrdanachadh … cho fad 's a tha misneachd agad. Bidh daoine a' cur orra bhlobhsaichean glugach an-dràsta. Tha iad a' coimhead glè mhath le jeans theann.

Nise, bròg an. Dè mu espadrilles? Tha iad cofhurtail agus furasta coiseachd annta. Fàg na sàilean àrda aig an taigh ann an sìde bhlàth.

«««««««««««

Mo chreach! Tha mi air chall!

Tha barrachd is sia ceud rùm ann an Lùchairt Bhuckingham!

Fasan

Bha mi gu math fortanach cothrom fhaighinn bruidhinn ri Esther NicDhòmhnaill, a b' àbhaist a bhith na sgoilear ann an Àrd-sgoil Phort Rìgh, a tha an sàs gu mòr ann am fasan. Mura h-eil fios aig Esther dè chuireas tu ort, chan eil fios aig duine!

Cia mheud bliadhna a tha thu air a bhith anns an oilthigh a' dèanamh fasan?
Tha mi air a bhith a' dèanamh fasan uile gu lèir airson 3 bliadhna. Rinn mi an toiseach dà bhliadhna ann an colaiste a' dèanamh "dealbhachadh agus cruthachadh fasain" ach am-bliadhna, tha mi air a dhol a-steach don dara bliadhna a' dèanamh cùrsa "gnìomhachas fasain" anns an oilthigh.

Dè seòrsa rudan a tha iad a' teagasg dhut?
Anns a' cholaiste, bha iad a' teagasg dhuinn dealbhachadh aodaich agus tòrr fighe! Rinn sinn dreasa agus còta le lèine-t. An ath bhliadhna rinn sinn cruinneachadh aodaich fon chuspair againn fhìn. Thug mise na beachdan agam bho mar a b' àbhaist do dhaoine a bhith beò anns na h-eileanan nuair a bha daoine a' fuireach anns na taighean-tughaidh. Rinn sinn cuideachd dreasa a bha tuilleadh is cus – thar a' mhullaich! Chuir sinn a h-uile rud ann an taisbeanadh fasain agus an uair sin thog sinn dealbhan de na dreasaichean againn. Anns an oilthigh a-nise tha sinn a' coimhead na bu mhotha air ciamar a ruitheas sinn gnìomhachas an taca ri beagan fighe agus teagasg fasain. Rinn sinn dreasa an-uiridh – thug iad dhomh an cuspair "dorsan", agus an tearm-sa tha sinn a' dèanamh greis gnìomhachais. Thagh mise a dhol gu bùth bainnse.

Carson a ghabh thu ùidh ann am fasan?
Chòrd ealain rium gu mòr anns an sgoil agus tha mi an-còmhnaidh a' cumail sùil air beachdan ùra. Is toil leam cuideachd a bhith a' coimhead air rudan beaga mionaideach a chuireas tu air aodach. 'S e sin a thug dhomh am beachd airson a bhith ag obair le dreasaichean bainnse.

Cò às a tha na beachdan agad a' tighinn? A bheil gin dhiubh a' tighinn bhon 'chatwalk'?
Tha mi a' smaoineachadh gu bheil tòrr de na beachdan agam a' tighinn bhon a bhith a-muigh a' coiseachd anns an Eilean Sgitheanach. Thòisich mi air a bhith a' coimhead air rudan mar thairbh-nathrach agus flùraichean inntinneach. Is toil leam cuideachd a bhith a' coimhead air na catwalks. Is toil leam na dealbhadairean Valentino agus Erdem an-dràsta.

Dè am pìos air a bheil thu ag obair an-dràsta?
Chaneil mi a' cruthachadh aodach air an tearm seo anns a' chlas ach nuair a tha mi anns a' bhùth, bidh mi uaireannan a' cuideachadh mo cho-obraichean leis na dreasaichean aca. Tha mi an dòchas pàirt nas motha a ghabhail ann an obair na bùtha a dh'aithghearr.

Ma tha thu toilichte an-diugh…

Tha stuth-ceimiceachd ann am banana a tha a' toirt air daoine a bhith a' faireachdainn toilichte.

Am buannaich iad seo?

Tha an dùthaich air a dhol craicte airson nan Oileampaigs. Cùm sùil air na daoine seo bho Sgioba GB aig na h-Oileampaigs ann an 2012, tha **Caitlin NicIlleathain** a' sgrìobhadh.

'S i Jessica Ennis Heptathalete ach nì i hurdalan 100m aig na h-Oileampaigs cuideachd. Tha tòrr dhaoine a' smaoineachadh gum faigh i am bonn òir aig na h-Oileampaigs ann an 2012. Fhuair i bonn airgid aig Farpais na Cruinne ann an 2011 ach tha sinn an dòchas gum faigh i fear eile ann an Lunnainn.

Tha na h-Albannaich Alistair agus Jonny Brownlee nan triathletes. Fhuair Alistair a' chiad àite aig Farpais na Cruinne 2011 agus bha Jonny san treas àite. Tha Alistair 23 agus tha Jonny 21. Gheibh iad an bonn òir agus am bonn airgid aig na h-Oileampaigs ma nì iad cho math sa nì iad san àbhaist.

Ruithidh Mo Farah aig 5,000m agus 10,000m. Bhuannaich e an rèis 10,000m ann an 2011 aig Farpais na Cruinne. 'S e am fear as luaithe san dùthaich aig 10k air an rathad, 5km air an rathad, 5,000m a-staigh agus 3,000m a-staigh. Tha e ag ràdh gu bheil e cho misneachail 's a bha e riamh airson nan Oileampaigs.

Tha Jenny Meadows a' ruith 800m. Fhuair i dà bhonn òir aig Farpais na Cruinne airson sin agus 4 x 400 relay. Bhuannaich i cuideachd Farpais na Cruinne don òigridh. 'S i an treas boireannach as luaithe ann am Breatainn aig astar 800m.

'S e Chris Hoy am fear baidhsagail as soirbheachaile a bha againn riamh ann am Breatainn. 'S e a' chiad Bhreatannach a tha air trì buinn òir fhaighinn aig an aon tachartas. Tha e air deich tiotalan na Cruinne fhaighinn, agus tha e na ridire a nis. Tha e ag ràdh gun cuireadh e air ais a h-uile tiotal a fhuair chun a seo nam biodh e a' ciallachadh gum faigheadh e bonn òir air àrd-ùrlar ann an Lunnainn.

Cha tèid agad air pìos pàipeir sam bith a phasgadh na dhà leth barrachd is seachd tursan! Feuch e!

Rebecca Adlington

Le Megan NicLeòid

Rugadh Rebecca Adlington air an t-seachdamh latha deug dhen Ghearran 1989 ann am Mansfield, ann an Siorrachd Nottingham an Sasainn. Thòisich Rebecca air snàmh còmhla ri Club Sherwood Colliery agus chaidh a taghadh airson Sgioba Snàimh Siorrachd Nottingham far am bi i fhathast a' trèanadh. Tha Rebecca a' snàmh airson Breatainn agus is e 'freestyle' an dòigh-snàimh as fheàrr leatha. Tha i fhèin agus an neach-teagaisg aice Bill Furniss ag obrachadh uabhasach cruaidh an-dràsta agus chan eil càil eile air a h-aire ach bonn òir.

Ann an 2008, b' i Rebecca a' chiad snàmhadair riamh on bhliadhna 1908 a fhuair dà bhonn òir do Bhreatainn. A bharrachd air na geamaichean Oileampaigeach, tha i air sia buinn - a dhà dhiubh òr, dà bhonn airgid is dà bhonn umha fhaighinn aig Farpais na Cruinne. Aig Geamaichean a' Cho-fhlaitheis fhuair i dà bhonn òir is dà bhonn umha agus ann am Farpais Bhreatainn fhuair i 11 bonn uile gu lèir. 'S fhada bhon a bha snàmhadair cho soirbheachail aig Breatainn. Nuair nach eil Rebecca a' snàmh, is fìor thoil leatha a bhith a' dèanamh beagan ruith agus is toil leatha a bhith a' gabhail air a socair a' coimhead air an TBh còmhla ri a caraidean. Tha e doirbh a chreidsinn gu bheil luchd-spòrs aig an ìre as àirde gu math coltach rinn fhìn! Tha sinn an dòchas gun tèid gu math do Rebecca aig na h-Oileampaigs agus gum faigh i bonn òir anns an dùthaich aice fhèin!



Ruithidh cluicheadairean ball-coise mu sheachd mìle ann an gèam.

Fasan aig daoine ainmeil a' dol ceàrr!

Carly Rae Jepsen: Tha an dreasa aig Carly a' coimhead beagan cnapach an seo agus tha dath caran neònoch oirre. Duilich Carly. 5/10

Florence Welch: Well, cha bhi thu idir a' faicinn dhaoine a' coimhead mar seo ann am Port Rìgh. Chuir Florence an dreasa seo oirre nuair a chaidh i don Mhet Ball. Mearachd! 4/10

Lady Gaga: Dè idir a bha Lady Gaga a smaoineachadh? Tha e coltach gun d' fhuair i an dreasa aice bhon bhùidsear. Euch! 2/10

Nicki Minaj: Càit an tòisich mi, tha mi "speechless"! Tha am peitean air a dhèanamh à Jelly Beans air an cur ri chèile. Tha e dìreach grot. Nicky, Nicky, càit an d' fhuair thu an t-aodach? Na tèid ann a-rithist! 3/10

LMFAO: Speuclairean às aonais glainne agus seacaid dhubh le grìogagan agus Lego crochte mum amhach. Am b' urrainn dhaibh a bhith na bu ghòraiche? Tha iad seo sgrathail fhèin. 3/10

Katy Perry: Obh, obh. Tha an coltas oirre gu bheil i ann am pantomaim. Feumaidh nach do chòrd seo ri Russell Brand idir! Chan e an t-iongnadh gun do theich e! 3/10

Nuair a chaidh Coca-Cola a dhèanamh an-toiseach, bha e uaine!

Le Jamie Caimbeul agus Caitlin NicIllEathain

Fhuair Jamie Caimbeul cothrom an clas againn a riochdachadh aig cuirm duaisean FilmG air an 9mh latha dhen Mhàrt. Chaidh film a' chlas againn ainmeachadh san earrainn airson a' Ghàidhlig as fheàrr agus chaidh Jamie ainmeachdh san earrainn airson an t-actair as fheàrr.

Air ais ro àm na Nollaig, thòisich an clas air film a chruthachadh airson Film G. B' e an cuspair a chaidh a chuir romhainn "Air an Stairsich" (On the Threshold) agus bha feum aige a bhith eadar 3 – 5 mionaid. Shuidh sinn uile sìos sa chlas agus thòisich sinn air smaoineachadh mu dheidhinn plota a bhiodh a' freagradh air a' chuspair. Sgrìobh sinn diofar rudan air a' bhòrd gheal. Thòisich sinn le duine a' tighinn timcheall a' reic rudan aig an doras mar bhainne, no pàipearan-naidheachd no rudan annasach. An dèidh mòran deasbaid, dh'aontaich sinn gum biodh am film againn mu dheidhinn fear-reic a bhiodh a' reic bhogsaichean le cuimhneachain annta.

B' iad Euan MacDhòmhnaill agus Jamie Caimbeul na prìomh chluicheadairean agus ghabh na sgoilearan sa chlas air fad pàirt anns an fhilm ann an dòigh air choreigin eadar sgrìobhadh, taic-camara, taic-fuaim agus pàirtean beaga san fhilm fhèin.

Thòsich ceathrar againn air an sgriobt a sgrìobhadh agus thàinig sinn gu co-dhùnadh cò chluicheadh na pàirtean. Anns an fhilm, bha bodach dom b' ainm Calum a' tighinn gu taigh bodaich eile mun aon aois, Aonghas. Thug Calum trì bogsaichean às a' bhaga agus bha feum aig Aonghas fear a thaghadh. Anns a' bhogsa bha cuimhneachain nach do chòrd ris. Chaidh am film air ais bliadhnaichean nuair a bha Calum san sgoil còmhla ris na caraidean aige. Bha Calum a' falbh còmhla ri nighean, Màiri. Cha do chòrd seo ri Aonghas idir agus dh'fhàs Calum feargach. Thòisich an dithis bhalach a' sabaid. Phut Aonghas Calum sìos an staidhre agus bha e na laighe gun ghluasad aig a' bhonn. Ruith Aonghas air falbh agus chan fhaca e Calum a-rithist – chun an latha ud! Bha eagal uabhasach air Aonghas nuair a thuig e cò am fear-reic. Thòisich Calum air bagairt air Aonghas airson na rinn e air na òige. Aig an deireadh tha Calum a' fàgail an taighe agus a' coiseachd sìos an t-sràid le gàire beag air aodann. Chan eil fios aig duine de thachair do Aonghas bochd.

Aig cuirm FilmG bha a h-uile duine a' gabhail deoch còmhla mus do thòisich a' chuirm. As dèidh beagan cabadaich, chaidh sinn dhan talla. As an talla bha an comhlan "Donald Macdonald and the Island" a' cluich puirt. Thòisich iad air na duaisean a thoirt a-mach agus tha duaisean sònraichte math ann do chlann agus inbhich. Ged a tha bha an clas againn air geàrr-liosta airson dà dhuais cha do bhuannaich sinn an turas-sa. Fhuair Sgoil a'Bhac an duais airson a' Ghàidhlig as fheàrr agus bha sinn air leth toilicht gun d' fhuair Alannah Pheutan à Àrd-sgoil Phort Rìgh an duais airson an cleasachad as fheàrr – airson an dara turais. Meal do naidheachd Alannah. Cò aig a tha fhios nach fheuch sinn a-rithist an-ath-bhliadhna!

Faodaidh bò coiseachd suas staidhre ach cha dèan i an gnothach air a dhol sìos idir!

Farpais iPod Shuffle Bhuannaich Na h-Oileampaigs

A bheil thu measail air Na h-Oileampaigs? A bheil thu airson iPod Shuffle a bhuannachadh? Gabh pàirt san fharpais gu h-ìosal, ma-thà. Feumaidh tu còig ceistean a fhreagairt airson iPod a bhuannachadh. Tha na ceistean uile co-cheangailte ris na h-Oileampaigs. Tha am farpais fosgailte do sgoilearan Àrd-sgoil Phort Rìgh a-mhàin. Airson cothrom iPod a bhuannachadh, lìon am foirm gu h-ìosal leis na freagairtean, d' ainm agus do chlas agus cuir e sa bhogsa spaideil ann an rùm Mrs Cormack (rùm 204). Dùinidh an fharpais seo air 27 An t-Ògmhios agus sgaoilidh sinn fios an uair sin air cò bhuannaich. Siuthad – tha iPod gad fheitheamh an seo! Dh'fhaodadh tu a bhith ag èisteachd ri ceòl fad an t-samhraidh!

1. De tha an cearcall Oileampaigeach a' riochdachadh?
a) Gaol
b) Daoine a' farpais an aghaidh a chèile
c) Na còig mòr-thìrean a' tighinn ri chèile

2. Cia mheud rioghachd a bhios a' gabhail pàirt sna h-Oileampaigs?
a) mu 205
b) mu 125
c) mu 305

3. Dè am bad de Lunnainn anns am bi na h-Oileampaigs?
a) Stratford
b) Abbey Road
c) Downing Street

4. Dè cho fad 's a thug iad a' phàirc Oileampaigeach a thogail?
a) bliadhna
b) 3 bliadhna
c) 5 bliadhna

5. Dè na dathan a tha air samhla nan Oileampaigs?
a) Geal, orains, uaine, pinc agus dubh
b) Purpaidh, dearg, glas, gorm, agus geal
c) Gorm, dubh, dearg, buidhe agus uaine

Sin agad e! Farpais iPod An t-Ògmhios 2012

Ainm: _____ Clas: _____

Freagairtean: 1. _____ 2. _____ 3. _____ 4. _____ 5. _____